




HISTORIC  
ENVIRONMENT  
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD  
EACHDRAIDHEIL  
ALBA

## RAOINTEAN MARA TÈARAINTE EACHDRAIDHEIL NA H-ALBA



## Raoíntean mara tèarainte eachdraidheil na h-Alba

Tha an leabhran seo a' mìneachadh dè th' ann an raoíntean mara tèarainte eachdraidheil agus dè na dileastanasan a th' oirnn a thaobh a bhith a' toirt comhairle do Riaghaltas na h-Alba nuair a tha iad a' comharrachadh nan raoíntean sin.

Tha daoine air a bhith toirt buaidh air cruth àrainneachd eachdraidheil na h-Alba airson còrr is 10,000 bliadhna. Tha na ginealaichean a dh'fhalbh air an làraich fhèin fhàgail air na bailtean is bailtean-mòra againn, agus a-muigh air an dùthaich mun cuairt oirnn. Tha a' mhuij air a bhith fior chudromach ann an eachdraidh na h-Alba, agus i a' toirt biadh is cumhachd dhuinn, rinn i dòn oirnn bho ionnsaighean, agus bha i mar shàr-mheadhan air malairt is conaltradh eadar coimhairsnachdan ionadail agus thar nan cuantan mòra.

Chaidh na ciad chumhachan laghail san Rìoghachd Aonaichte gus ar n-àrainneachd thogte a dhòn a thoirt a-steach ann an 1882. Chaidh na ciad raoíntean mara tèarainte eachdraidheil a steidheachadh ann an 2013.

Tha raoíntean mara tèarainte eachdraidheil a' comharrachadh stòrasan mara eachdraidheil a tha cudromach gu nàiseanta a tha sna h-uisgeachan a tha fo ùghdarris na h-Alba. Faodaidh iad seo a bhith gabhail a-steach longan-briste no plèanaichean-briste, no fuigheall nas sgapte, leithid cruinneachaidhean de nithean eachdraidheil air grunnd na mara air làrach ro-eachdraidheil a tha a-nis fon mhuij.

Nam measg gheibhear bàtaichean-cogaidh bhon 17mh linn a chaidh fodha, soitheach-malairt Duitseach bhon 17mh linn agus an HMS Campania. Aig aon àm bha an Campania na long-turais a bha seòladh tarsainn a' Chuain Siar agus a ghlèidh an duais am 'Blue Riband', ach chaidh leasachaidhean a dhèanamh orra le Ùghdarris a' Chabhlaich ann an 1915 airson a cleachdad sa Chogadh. B' ann air 5 Cèitean 1915 bho dheic an HMS Campania a dh'fhalbh plèanaichean airson a' chiad uair bho shoitheach-giùlain phlèanaichean le deic stèidhichte

Tha caractar eachdraidheil ar n-àrainneachd cudromach do mhath ar beatha agus tha e gar cuideachadh le bhith tuigsinn cò sinn. Tha raoíntean mara tèarainte eachdraidheil air aon de na h-adhbharan a tha Alba cho math mar àite airson a bhith fuireach is ag obair ann, agus airson tadhail air. Tha iad cuideachd a' cur ri ceann-uidhe Riaghaltas na h-Alba far am bi, 'àrainneachd na mara is nan cladaichean ann a tha glan, fallainn, sàbhailte, torrach, le bith-iomadachd, agus a bhios fo stiùbhartachd gus frithealadh air feuman dhaoine is nàdair san ùine fhada'.

Tha àite cudromach aig daoine a bhios a' dèanamh feum den mhuij san latha an-diugh ann a bhith dèanamh dòn air ar dualchas. Faodaidh iad cuideachadh le bhith dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig na ginealaichean ri teachd air beartas nan raoíntean mara tèarainte eachdraidheil againn.

**Còmhdaich:** Arc-eòlaiche a' coimhead air doras air pios de dheireadh na luinge-bhriste, aig Dubhaird, Caolas Mhuile © Àrainneachd Eachdraidheil Alba (Cruinneachadh nan Dotairean Colin and Paula Màrtainn)



**Gu h-àrd:** An aghaidh shnайдte de chearub le sgiathan, cnàimh gàirdean daonna, agus na tha air fhàgail de bhuidéal fiodha - Long-bhriste Rubha Dhubhairt, Caolas Mhuile © Àrainneachd Eachdraidheil Alba (Cruinneachadh nan Dotairean Colin and Paula Màrtainn) .

## Dè th' ann an raointean mara tèarainte eachdraidheil?

'S e a th' ann an raointean mara tèarainte eachdraidheil (RMTan eachdraidheil) an dòigh sa bheilear a' dèanamh dòn fon lagh air 'stòrasan mara eachdraidheil' a tha cudromach gu nàiseanta a tha rim faicinn sna h-uisgeachan a tha fo ùghdarris na h-Alba (suas gu 12 mìle bho thìr).

Tha an cumhachd gus RMTan Eachdraidheil a stèidheachadh ann am Pàirt 5 de dh'Achd na Mara (Alba) 2010, faicibh [legislation.gov.uk/asp/2010/5/contents](https://www.legislation.gov.uk/asp/2010/5/contents). Ann an Alba tha iad air a dhol an àite earrainn 1 de dh'Achd Dìon nan Longan-briste 1973.

Tha an abairt 'stòrasan mara eachdraidheil' air a mhìneachadh fon lagh, agus faodaidh e bhith a' gabhail a-steach tòrr dhiofar structaran a chaidh a dhèanamh le daoine, leithid longan-briste agus plèanaichean-briste. Faodaidh e cuideachd a bhith a' gabhail a-steach fuigheall nas sgapte, leithid cruinneachaidhean de nithean eachdraidheil air grunnd na mara air làrach ro-eachdraidheil a tha a-nis fon mhuir.

'S e as adhbhar do RMTan eachdraidheil stòrasan mara eachdraidheil a tha cudromach gu nàiseanta a dhòn. Dh'fhaodte gum bi feum air cead-dealbhachaidh is ceadan-mara airson cuid de sheòrsaichean obrach agus airson gnìomhan eile taobh a-staigh raointean mara tèarainte eachdraidheil. Cuideachd, 's e eucoir a th' ann ma bheir sibh air falbh, no ma dh'atharraicheas sibh no ma nì sibh cron air, stòrasan mara eachdraidheil, no ma nì sibh dad a dh'fhaodadh milleadh no atharrachadh a dhèanamh air stòras mara eachdraidheil no a dh'fhaodadh buaidh mhòr a thoirt air raon tèarainte.

Thòisich RMTan eachdraidheil ann an 2013. Gus RMT eachdraidheil a stèidheachadh, feumaidh an stòras mara eachdraidheil a bhith cudromach gu nàiseanta agus feumaidh e slatan-tomhais a thaobh cudromachd nàiseanta a choileanadh (faicibh taobh-duilleig 7). Bidh sinn a' toirt comhairle do Chùisean Mara na h-Alba agus Ministearan na h-Alba nuair a thathar a' beachdachadh air làraichean a chomharrachadh.

A bharrachd air raointean mara tèarainte eachdraidheil, tha raointean mara tèarainte glèidhreachas nàdair agus raointean mara tèarainte dearbhadh is rannsachadh ann. Bidh Cùisean Mara na h-Alba a' stiùireadh mar a thèid na raointean sin a chomharrachadh.

## A' measadh làraichean mara

Nì sinn measadh air gach làrach a thaobh cho airidh 's a tha i air inbhe-chomharrachte mus toir sinn comhairle do Chùisean Mara na h-Alba. Feumaidh RMTan eachdraidheil a bhith cudromach gu nàiseanta mus tèid an inbhe sin a bhuleachadh orra.

Ma tha stòras mara eachdraidheil gu bhith air a mheas cudromach gu nàiseanta, an toiseach feumaidh e a bhith cudromach aig ère chultarach le luach ann a thaobh nan ealain, arc-eòlas, ailtearachd, eachdraidh, dualchas, bòidhchead, saidheans no cùisean sòisealta.

Dh'fhaodadh gun atharraich an tuigse a th' againn air luach cultarach thar ùine, gu h-àraidh ma thig fiosrachadh ùr am follais, no ma dh'atharraicheas na beachdan is na dòighean-smaoineachaiddh a th' ann mun dualchas againn.

Tha am poileasaidh clàraidh is stiùireadh taghaidh againn a' mìneachadh mar a bhios sinn a' measadh stòrasan eachdraidheil mara airson clàradh. Gheibhear barrachd fiosrachaidh aig [historicenvironment.scot/designation-policy](https://historicenvironment.scot/designation-policy).

Bidh sinn a' measadh cudromachd chultarach fo na cinn a leanas:

- **Feartan bunaiteach**

Mar a tha na tha air fhàgail de làrach no àite a' cur ris an eòlas againn air an àm a dh'fhalbh.

- **Feartan co-theacsail**

Mar a tha làrach no àite co-cheangailte ris an àrainneachd anns a bheil i agus mar a tha i a' cur ris an eòlas a th' againn air an àm a dh'fhalbh.

- **Feartan co-cheangailte**

Mar a tha làrach no àite co-cheangailte ri daoine, cleachdaidhean, tachartasan agus gluasadan eachdraidheil agus sòisealta.

Nuair a tha sinn a' co-dhùnadh a bheil stòras mara eachdraidheil cudromach gu nàiseanta, bu chòir co-dhiù aon de na feartan seo a bhith aige:

- Tha e a' cur gu mòr ris an tuigse no meas a th' againn air an àm a dh'fhalbh, no tha comas aige sin a dhèanamh. Dh'fhaodadh e sin a dhèanamh leis fhèin no mar eisimpleir de sheòrsa sònraichte de stòras mara eachdraidheil no mar bhuidheann cruinn-eòlach de stòrasan mara eachdraidheil co-cheangailte.

- Tha feartan structarail, teicnigeach, sgeadachaidh no fiosaigeach eile fhathast aige, a tha a' cur gu mòr ris ar tuigse no meas againn air an àm a dh'fhalbh. Dh'fhaodadh na tha air fhàgail a bhith seasmhach, no fianais a bhith ann air structaran arc-eòlais tiodhlaithe agus tasgaidhean, sgapadh de stuthan, no measgachadh dhiubh sin.

- Tha e na eisimpleir ainneamh de sheòrsa stòrais mara eachdraidheil nuair a thèid a mheasadh a rèir eòlais air eachdraidh agus arc-eòlas na h-Alba, a marannan den àite aca san t-saoghal.
- Tha e na eisimpleir fior riochdachail de sheòrsa stòrais mara eachdraidheil nuair a thèid a mheasadh a rèir eòlais air eachdraidh agus arc-eòlas na h-Alba, a marannan den àite aca san t-saoghal.
- Tha comas rannsachaidh aice a dh 'fhaodadh cur gu mòr ris an tuigse no meas againn air an àm a dh'fhalbh.
- Tha e a' cur gu mòr ri àrainneachd eachdraidheil na mara agus ri àrainneachd na mara san fharsaingeachd. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach dàimh an stòrais mara eachdraidheil agus pàirtean dheth ri stòrasan mara eachdraidheil no nithean eile faisg air.
- Tha ceanglaichean cudromach aice ri daoine, tachartasan no gluasadhan eachdraidheil, traideanta, sòisealta no ealanta a tha cudromach gu nàiseanta.

Bidh sinn cuideachd a' beachdachadh air a' bhuaidh nan rachadh rudeigin a chlàradh. Dh'fhaodte nach bi e iomchaidh stòras mara eachdraidheil a chlàradh daonnan ged a bhiodh làraichean a rèir nan slatan-tomhais. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh gum bi cruinn ola aig muir cudromach gu h-eachdraidheil ach, leis gum feumar an dì-choimiseanadh aig deireadh am beatha mar thoradh air geallaidhean eadar-nàiseanta, cha bhiodh clàradh iomchaidh.

## Molaidhean clàraighean is ath-sgrùdaidhean

Faodaidh neach sam bith làrach a mholadh airson a chomharrachadh mar RMT eachdraidheil no iarraidh oirnn cur às do dh'ibne-chomharrachte a th' ann mu thràth no a h-atharrachadh.

Faodaidh sibh seo uile a dhèanamh le bhith a' lìonadh an fhoirm iarrtais againn. Gheibhear am foirm air an làraich-lìn againn aig [historicenvironment.scot/designation-application](https://historicenvironment.scot/designation-application) no faodaidh sinn fear a chur thugaibh sa phost.

Aon uair 's gum faigh sinn am foirm agaibh, nì sinn rannsachadh air an iarrtas agaibh agus co-dhùnaidh sinn dè an dòigh as fheàrr gus dèiligeadh ris. Ann an cuid a shuidheachaidhean, dh'fhaodte nach téid sinn air adhart le iarrtas. Ma cho-dhùineas sinn gun a dhol air adhart, leigidh sinn fios thugaibh cho luath 's a ghabhas. Gheibhear fiosrachadh nas mionaidiche air mar a bhios sinn a' measadh làraichean agus àiteachan, a' gabhail a-steach nan slatan-tomhais agus stiùiridhean measaidh anns a' phoileasaidh clàraighean againn aig [historicenvironment.scot/designation-policy](https://historicenvironment.scot/designation-policy).

Bidh na measaidhean againn mar as trice a' gabhail a-steach rannsachadh, turas dhan làraich agus a bhith a' taghadh de an inbhe clàraighean dualchais as fhereagarraiche airson na làraich a mhol sibh (faic taobh-duilleig 14 airson fiosrachadh mu na h-inbhean dualchais againn uile). Bidh sinn ag obair còmhla ri ar com-pàirtichean ann am pròiseact Raointean Mara Tèarainte na h-Alba, agus sinn a' co-roinn fiosrachadh bho sgrùdaidhean mara. Is urrainn dhuinn daoine a bharantachadh gus tadhal air làrach tron chùmhnant a th' againn airson sheirbheisean arc-eòlais fon mhuir. Uaireannan mar phàirt de seo, thèid sgrùdadadh geo-fiosaigeach is measadh lèirsinne a dhèanamh le arc-eòlaichean dàibhidh sgileil agus dh'fhaodadh gun toir e deagh ghreis airson sin a dhèanamh.

'S e amas an sgrùdaidh measadh a dhèanamh air an làraich a rèir nan slatan-tomhais stèidhichte mus toir sinn comhairle do Chùisean Mara na h-Alba.

Mus dèan Riaghaltas na h-Alba co-dhùnadh a thaobh a bhith comharrachadh RMT eachdraidheil ùr, mar as trice bidh Cùisean Mara na h-Alba a' sùileachadh gun sir sinn beachdan bho fharsaingeachd de dhaoine a bhiodh e buailteach ùidh a bhith aca anns na thathar a' moladh no air an toireadh am moladh buaidh. Bidh sinn a' leantainn an aon phròiseas airson a bhith ag atharrachadh no a' toirt air falbh clàraighean a th' ann mar-thà.

Faodaidh sinn na riaghailtean seo a chur gun làrnach taobh ma tha stòras mara eachdraidheil fo chunnart mòr – mar eisimpleir, ma bhios long-briste eachdraidheil a chaidh a lorg o chionn ghoirid ann an cunnart bho oidhirpean long-shàbhalaidh. Nuair a tha suidheachadh mar sin ann, faodaidh Ministearan na h-Alba làrach a chomharrachadh sa bhad gun cho-chomhairleachadh a chumail, ach cha seas an inbhe-chomharrachte sin ach airson dà bhliadhna aig a' char as fhaide. Bheir seo ùine dhuinn gus barrachd rannsachaidh a dhèanamh agus gus làn cho-chomhairleachadh a chumail.

Aon uair 's gun tèid atharrachadh a dhèanamh le seasamh reachdail, innsidh sinn do dhaoine aig a bheil ùidh sa chùis agus foillsichidh sinn aithisg làimhseachaidh le fiosrachadh mun cho-dhùnadadh againn air a' phortal air-loidhne againn.

Tha an t-eòlas a th' againn air marannan na h-Alba a' dol am meud, tha sinn a' cur fàilte air fiosrachadh mu nithean ùra a thèid a lorg.

Ma lorgas sibh làrach a tha sibh a' smaoineachadh a dh'fhaodadh a bhith cudromach gu h-eachdraidheil, faodaidh sibh ar cuideachadh le bhith clàradh far a bheil i agus nas urrainn dhuibh de dh'fiosrachadh mu deidhinn, agus 's e as fheàrr mas urrainn dhuibh sin a dhèanamh gun a bhith dèanamh cron air an làraich. Bu chòir dhuibh fios a chur mu làrach a lorgas sibh gu Rianadair Longan-briste na RA agus thugainne gus an urrainn dhuinn am fiosrachadh agaibh a chlàradh air Canmore, an catalog air-loidhne againn de làraichean dualchais. Faicibh [historicenvironment.scot/canmore](http://historicenvironment.scot/canmore).



**Gu h-àrd:** Dàibhear a' sgrùdadadh ghunnaichean agus structar na slige air grunn na mara taobh a-staigh RMTE Dhrombaig, Cataibh © Àrainneachd Eachdraidheil Alba

## Clàran nan raointean mara tèarainte eachdraidheil

Tha clàr ann airson gach RMT eachdraidheil gus daoine a chuideachadh le bhith tuigsinn carson a tha an làrach cudromach gu nàiseanta

Faodaidh tu na clàran a rannsachadh air an làraich-lìn againn.

Anns gach clàr tha:

- tuairisgeul den làraich
- aithris air luach nàiseanta na làraich
- mapa a' sealltann crìochan an raoin chomharrachte (nuair a tha làrach fa leth fo dhòn leithid àite le long-bhriste, mar as trice 's e raon cruinn beag comharrachte timcheall meadhan na làraich a bhios ann)
- cinn-uidhe ghlèidheteachais airson an raoin – tha iad seo a' sealltann cò air a thathar ag amas le bhith a' comharrachadh an raoin, agus sin a rèir dè thathar a' smaoineachadh a ghabhas dèanamh anns gach suidheachadh fa leth
- fiosrachadh co-cheangailte ri staid na làraich agus cho buailteach 's a tha e gum mair e mar a tha e – stèidhichte air fiosrachadh sgrùdaidh a bhios sinn a' cruinneachadh
- iomraighean airson is ceanglaichean ri aithisgean – mar eisimpleir ri ar stòran fiosrachaiddh air-loidhne
- dealbhan-camara is iomhaighean eile, agus
- comhairle a thaobh rudan a nì daoine a dh'fhaodadh stad a dhèanamh air coileanadh nan ceann-uidhe glèidheteachais agus ris am bu chòir daoine a nì feum den mhuiр is ùghdarrasan poblach ealla a ghabhail. Cuideachd, bheir sinn iomradh air riaghailtean co-cheangailte ri bhith cumail rian air an raon, mar eisimpleir, òrduighean glèidheteachas na mara a dh'fhaodadh bacadh a chur air cuid a ghniomhan no na gniomhan sin a thoirmeasg.

Faodaidh sibh cuideachd fiosrachadh cruinn-eòlach mu RMTan eachdraidheil a luchdachadh a-nuas bhon làraich-lìn againn

[portal.historicenvironment.scot/spatialdownloads](https://portal.historicenvironment.scot/spatialdownloads) airson a chleachdadh ann an siostaman fiosrachadh cruinn-eòlach no faodaidh sibh ionnsachadh mu RMTan eachdraidheil tron Phlana Mara Nàiseanta eadar-ghniomhach [gov.scot/Topics/marine/seamanagement/nmpihome](https://gov.scot/Topics/marine/seamanagement/nmpihome).

Cuideachd, chithear crìochan nan RMT eachdraidheil air mapaichean mara.

Ma mhothaicheas sibh mearachd ann am fear de na clàran againn mu na raointean mara tèarainte eachdraidheil againn, faodaidh sibh iarraidh oirnn a cheartachadh leis an fhoirm iarrtais againn [historicenvironment.scot/designation-application](https://historicenvironment.scot/designation-application).

## A' tadhla air is ag obair ann an raointean mara tèarainte eachdraidheil

Mura h-eil cuingealachaidhean eile an sàs, tha sibh di-beathte tadhla air RMTan eachdraidheil. Tha sinn a' brosnachadh dhaoine gu bhith clàradh agus a' cur sùim ann an dualchas na mara againn agus gu bhith ga ghleidheadh.

Faodaidh sibh dealbhan-camara a thogail is nithean a thomhas agus ainmhidhean is planntrais na mara a chlàradh, ach chan fhaod sibh nithean a thoirt air falbh bhon làraich.

'S e eucoir a th' ann ma bheir sibh air falbh, no ma dh'atharraicheas sibh no ma nì sibh cron air, stòrasan mara eachdraidheil, no ma nì sibh dad a dh'fhaodadh droch bhuaidh no bacadh a thoirt air na h-amasan glèidheatcias aig raon tèarainte.

Mura h-eil sibh cinnteach, leughaibh ar clàran airson RMTan eachdraidheil far a bheil fiosrachadh air dè na rudan a dh'fhaodar a dhèanamh aig gach lèrach.

### Cead-dealbhachaiddh is ceadan-mara

Chan fheum sibh cead sònraichte gus obair a dhèanamh ann an RMT eachdraidheil. Ach, dh'fhaodadh gum bi cead-dealbhachaiddh no cead-mara a dhìth oirbh (no an dà chuid). Faodaidh sibh cur a-steach airson cead-dealbhachaiddh bhon ùghdarras ionadail agaibh agus gheibhean ceadan-mara bho Sgioba Cheadan-obrach Cùisean Mara na h-Alba, faicibh [www2.gov.scot/Topics/marine/Licensing/marine](http://www2.gov.scot/Topics/marine/Licensing/marine).

Feumaidh leasachaidhean leithid tuathanas-uisge mara cead-dealbhachaiddh. Am measg ghnìomhan far a bheil cead mar a dhìth, tha:

- cur stuthan no nithean a-steach don mhuir no air grunnd na mara
- toirt air falbh stuthan no nithean bho ghrunnd na mara
- obair togail, atharrachaiddh is leasachaidh, agus dreideireachd.

Dh'fhaodte gun iarr Ùghdarrasan Ionadail agus Cùisean Mara na h-Alba na beachdan againn air molaidhean a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air RMTan eachdraidheil.

Tha sinn toilichte bruidhinn ri tagraichean aig ìre thràth agus mholamaid gun cuir sibh fios thugainn

### Òrduighean glèidheatcias na mara

Ann an cuid a shuidheachaidhean, dh'fhaodadh gun co-dhùin Riaghaltas na h-Alba gum feumar casg no bacadh a chur air cuid a ghnìomhan no rian a chumail orra agus mar as trice cleachdaidh iad òrdugh glèidheatcias na mara airson sin, cumhachd laghail a bharrachd a chuireas taic ri cinn-uidhe ghlèidheatcias airson RMTan eachdraidheil. Bheir sinn comhairle do Chùisean Mara na h-Alba air an fheum a th' ann airson òrduighean glèidheatcias na mara agus cumaidh sinn sùil chunbalach orra.

## Lasgach coimeirsealta

Taobh a-staigh RMTan eachdraidheil, bu chòir do dh'iasgairean feuchainn gun cron a dhèanamh air stòrasan eachdraidheil air grunnd na mara agus bidh sinn ag obair gus dèanamh cinnteach gu bheil fios aig iasgairean air far a bheil iad. Nam feumadh Riaghaltas na h-Alba bacadh no casg a chur air cuid a sheòrsaichean iasgaich choimeirsealta ann an RMT eachdraidheil, dhèanadh iad sin tro riaghailtean iasgaich a th' ann a-cheana no tro òrduighean glèidheteachas na mara.

## Ùghdarrasan Poblach

Tha dùil ann gun coilean ùghdarrasan poblach (mar ùghdarrasan-cala le uallach gus slighean-seòlaidh a chumail suas, agus buidhnean riaghaltais, com-pàirteachasan planadh mara agus ùghdarrasan-planaidh le uallaichean planaidh, leithid a bhith ag ullachadh phlanaichean mara sgìreil agus planaichean leasachaидh ionadail) na dleastanasan aca ann an dòigh a chuireas diù sna cinn-uidhe ghlèidheteachais airson RMTan eachdraidheil.

Bidh sinn a' toirt comhairle fhiosrach do na h-ùghdarrasan poblach sin leis an amas gun tèid obair is gnìomhachd aig muir a phlanadh ann an dòigh a bheir a' bhuaidh as lughas as urrainnear air RMTan eachdraidheil.

## Comhairle air planaichean-rianachd

Tha planaichean-rianachd neo-reachdail feumail nuair a thig e gu bhith co-òrdanachadh dhòighean-obrach com-pàirteach gus RMTan eachdraidheil a rannsachadh, a dhòn is a chumail fo rian. Tha sinn toilichte comhairle a thoirt seachad air a bhith dealbh phlanaichean-rianachd.

## Pròiseactan arc-eòlais

Ma tha sibh airson cuideachadh le bhith a' clàradh is a' sgrùdadhean RMTan eachdraidheil, faodaidh sibh na sgilean a tha dhìth ionnsachadh agus pàirt a ghabhail ann am pròiseactan, mar an fheadhainn a tha Comann Arc-eòlas na Mara a' ruith [nauticalarchaeologysociety.org](http://nauticalarchaeologysociety.org). Faodaidh cothroman glè mhath a bhith ann le pròiseactan coimhearsnachd gus feum a dhèanamh de RMTan eachdraidheil airson foghlaim is cur-seachadan.

Ma tha sibh ag iarraidh 'dian-sgrùdaidhean' arc-eòlais a dhèanamh (mar eisimpleir, a' cladhach is a' toirt nithean air falbh), feumaidh sibh fios a chur thugainn oir bidh cead-mara a dhìth oirbh bho Alba na Mara. Nuair a bheir sinn comhairle do Chùisean Mara na h-Alba, bidh sinn a' moladh gun cum pròiseactan ris na sàr mhodhan-obrach a chithear san èàrr-ràdh aig Còmhdhail UNESCO 2001 airson Dion air Dualchas Cultarach fon Uisge [unesco.org/new/en/culture/themes/underwater-cultural-heritage/2001-convention](http://unesco.org/new/en/culture/themes/underwater-cultural-heritage/2001-convention).


Nuair a bhios sinn a' toirt comhairle do thagraichean agus do Chùisean Mara na h-Alba, tha sinn a' moladh gun lean pròiseactan na h-ìrean deagh chleachdaidh a tha

air an comharrachadh ann an leas-phàipear Cunnradh UNESCO air Dìon an Dualchas Cultarail Fon Uisge 2001 [unesco.org/new/en/culture/themes/underwater-cultural-heritage/2001-convention](http://unesco.org/new/en/culture/themes/underwater-cultural-heritage/2001-convention).

### A' cur fios mu nithean a lorgas sibh

Feumaidh sibh, fo Achd a' Chabhlach Mharsanta 1995, fios a chur gu Rianadair nan Longan-briste ma lorgas sibh stuthan bho long no plèana-briste air grunnd na mara, chan eil e gu diofar dè cho beag 's a tha e no ma tha coltas ann nach eil e uabhasach cudromach, [gov.uk/government/groups/receiver-of-wreck](http://gov.uk/government/groups/receiver-of-wreck).

**Gu h-iosal:** HMS Campania ann an 1917 © The Scotsman Publications Ltd.



17 HMS Campania (wreck 172) after alterations with twin funnels forward. Photo: Imperial War Museum



**Gu h-àrd:** Arc-eòlaiche dàibhidh a' dèanamh sgrùdadadh lorgaire-meatailt de long-bhriste an Adelaar, Barraigh © Àrainneachd Eachdraidheil Alba (Cruinneachadh nan Dotairean Colin and Paula Màrtainn)

## Inbhean dualchais eile

Tha e cuideachd an urra rinne stòrasan dualchais eile a chomharrachadh, a' gabhail a-steach thogalaichean clàraichte, charraighean clàraichte agus raointean nam blàran eachdraidheil.

Tha barrachd fiosrachaidh mun deidhinn air an làraich-lìn againn [historicenvironment.scot/advice-and-support](https://historicenvironment.scot/advice-and-support).

Tha còrr is 600 raon glèidheteachais ann an Alba a tha air an comharrachadh le ùghdarrasan ionadail. Feumaidh ùghdarrasan ionadail co-dhùnadh a dhèanamh feuch dè na páirtean den sgìre aca a tha cudromach a thaobh ailtearachd no eachdraidh, agus faodaidh iad an comharrachadh an uair sin mar raointean glèidheteachais. Mar as trice, thèid beachdan a' phobaill a shireadh mu mholadh sam bith gus raon glèidheteachais a stèidheachadh no gus crìochan fear atharrachadh.

Thèid Làraichean Dualchais na Cruinne a chlàradh le UNESCO (Buidheann nan Dùthchannan Aonaichte airson Foghlaim, Saidheans is Cultair) mar àiteachan sa bheil luach air leth don chruinne air fad a thaobh cultair no dualchas nàdair [whc.unesco.org](http://whc.unesco.org).

Tha sia Làraichean Dualchais na Cruinne ann an Alba an-dràsta. Gheibhear fiosrachadh orra sin air an làraich-lìn againn [historicenvironment.scot/world-heritage-sites](https://historicenvironment.scot/world-heritage-sites).

'S ann an urra ri Ministearachd an Dion a tha e Achd Dion Soithichean is Carbadan Briste nam Feachdan Armaichte 1986 a chur an sàs anns a bheil cumhachan a thaobh uaighean cogaidh. Airson ceistean mu longan-briste agus Achd Dion Soithichean is Carbadan Briste nam Feachdan Armaichte 1986, curibh post-d gu Buidheann-stiùiridh a' Chabhlaich, an Treas Roinn aig: [navysec-3rdsectorheritage@mod.uk](mailto:navysec-3rdsectorheritage@mod.uk).

Lorg fiosrachadh mu raointean Mara tèarainte eachdraidheil air an liosta-chlàraidh, agus inbhean-comharrachite eile agus ar co-dhùnaidhean

Faodaidh sibh prìomh-fhaclan no am mapa a chleachdad gus lorg fhaighinn air na làraichean uile air an liosta-chlàraidh againn air a' phortal air-loidhne againn aig [portal.historicenvironment.scot](https://portal.historicenvironment.scot). Cuideachd, gheibh sibh fiosrachadh ann mu na co-dhùnaidhean a nì sinn a thaobh inbhean-comharrachite. Mura h-eil sibh cinnteach fhathast an e raon Mara tèarainte eachdraidheil a th' anns an àite sa bheil ùidh agaibh, faodaidh sibh post-d no fòn a chur thugainn. Gheibh sibh fiosrachadh conaltraidh air ar son aig deireadh an leabhrain seo.

Cuideachd, gheibhear cothrom nithean a rannsachadh air mapa air an làraich-lìn aig Scotland's Environment, [environment.gov.scot](https://environment.gov.scot) agus gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mun àrainneachd an sin, mu rudan mar chriochan nan sgìrean glèidheteachais.

Gheibhear fiosrachadh mu RMTan a tha air an dòn air adhbharan bith-iomadachd ann an uisgeachan costa na h-Alba air an làrach-lìn aig Dualchas Nàdair na h-Alba [nature.scot](#).

Gheibhear fiosrachadh air RMTan a tha air an comharrachadh air adhbharan bith-iomadachd ann an uisgeachan far costa na h-Alba air an làraich-lìn aig a' Cho-chomataidh airson Glèidhreachas Nàdair [incc.gov.uk](#).

### Fiosrachadh a bharrachd

Tha tuilleadh fiosrachadh mu raointean mara tèarainte eachdraidheil air an làraich-lìn againn [historicenvironment.scot/advice-and-support](#).

### Comhairle air molaidhean leasachaidh

Ma tha cead-dealbhachaидh a dhìth oirbh airson na tha sibh a' moladh, cuiribh fios chun an ùghdarrais-phlanaidh agaibh. Airson ceadan-mara, cuiribh fios gu Sgioba Cheadan-obrach Cùisean Mara na h-Alba [gov.scot/Topics/marine/Licensing/ marine](#).

Bheir sinne cuideachd comhairle seachad mu bhith a' cumail rian air raon mara tèarainte eachdraidheil. . Tha barrachd fiosrachaidh mu dheidhinn seo air an làraich-lìn againn [historicenvironment.scot/managing-change-guidance-notes](#).

Faodaidh sibh cuideachd fònadhl thugainn air 0131 668 8716.

### Tabhartasan

Tha grunn diofar thabhartasan agus sgeamaichean maoineachaidh aig Àrainneachd Eachdraidheil Alba. Faodaidh daoine fa leth agus buidhnean iarrtas a dhèanamh airson taic ionmhasail le pròiseactan agus obair a bheir deagh bhuaidh air an àrainneachd eachdraidheil. Airson barrachd fiosrachaidh mu na tabhartasan againn, faicibh an làraich-lìn againn aig [historicenvironment. scot/ grants-and-funding](#).

### Laghan is poileasaidhean buntainneach

- Achd na Mara (Alba) 2010 [legislation.gov.uk/asp/2010/5/contents](#).
- Aithris Poileasaidh air an Àrainneachd Eachdraidheil ann an Alba [historicenvironment.scot/heps](#).
- Plana Mara Nàiseanta na h-Alba: [www2.gov.scot/Topics/marine/seamanagement](#).
- Stiùireadh airson RMTan eachdraidheil – airson stiùireadh nas mionaidiche air mar a thèid RMTan eachdraidheil a chomharrachadh is a chumail ro rian, faicibh an làrach-lìn againn [historicenvironment.scot/advice- and-support](#).

## Molaidhean agus gearanan

Tha sinn a' cur fàilte air beachdan air ais mu na raointeann mara tèarainte eachdraidheil againn. Feuch gun leig sibh fhaicinn dhuinn dè ur beachd oirre le bhith cur post-d gu [designations@hes.scot](mailto:designations@hes.scot).

Tha sinn air a chur romhainn seirbheisean sàr mhath a thoirt seachad. Tha sinn a' cur luach anns gach gearan a gheibh sinn agus cleachdaidh sinn am fiosrachadh a gheibhear tromhpa gus na seirbheisean againn a leasachadh.

Ma thèid rudeigin ceàrr no mura h-eil sibh toilichte le ar seirbheisean, feuch gun inns sibh dhuinn.

## Oifigear Ghearanan

Àrainneachd Eachdraidheil Alba

Taigh Longmore

Plàs Salisbury

Dùn Èideann

EH9 1SH

**Fòn:** 0131 668 8600

**Post-d:** [complaints@hes.scot](mailto:complaints@hes.scot)

Gheibhear barrachd fiosrachaидh mu dhoigh-obrach nan gearanan air an làraich-lìn againn aig [historicenvironment.scot/complaints](http://historicenvironment.scot/complaints).

© Àrainneachd Eachdraidheil Alba 2019

Faodaidh sibh am fiosrachadh seo (gun suaicheantasan is dealbhan) ath-chleachdadhe saor is an-asgaidh ann an cruth no meadhan sam bith fo theirmichean Cead Fosgailte an Riaghaltais v3.0 ach a-mhàin ma thèid an caochladh a ràdh.

Gus an cead seo fhaicinn, [faicibh http:// nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3/](http://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3/) no sgrìobhaibh gu Sgioba Poileasaidh an Phiosrachaidean, Na Clàraighean Nàiseanta, Kew, Lunnainn TW9 4DU, no cuiribh post-d gu: [psi@nationalarchives.gov.uk](mailto:psi@nationalarchives.gov.uk)

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh tu cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil an còir-lethbhreac sin.

Tha Àrainneachd Eachdraidheil Alba na Buidheann Phoblach Neo-roinneil (NDPB) agus na Buidheann-charthannais Albannach chlàraichte (SC045925). Tha e air aon de na dleastanasan againn a bhith a' toirt comhairle do Riaghaltas na h-Alba a thaobh a bhith a' comharrachadh raointean mara tèarainte eachdraidheil.

Tha an leabhran seo a' mìneachadh dè th' ann an raointean mara tèarainte eachdraidheil agus mar a bhios sinn a' cuideachadh gus am measadh airson clàradh. Tha e ri fhaighinn sa Bheurla cuideachd leis an tiotal Scotland's Historic Marine Protected areas.

Bu chòir ceist sam bith mun sgrìobhainn seo a chur thugainn aig:

Àrainneachd Eachdraidheil Alba  
Taigh Longmore  
Plàs Salisbury  
Dùn Èideann EH9 1SH

**Fòn:** +44 (0) 131 668 8600

**Làrach-lìn:** [www.historicenvironment.scot](http://www.historicenvironment.scot)

'S urrainn dhuibh am foillseachadh seo a luchdadhe a-nuas bhon làraich-lìn againn aig

[www.historicenvironment.scot](http://www.historicenvironment.scot)

Àrainneachd Eachdraidheil Alba  
Clàraighean Taigh Longmore  
Plàs Salisbury  
Dùn Èideann  
EH9 1SH

**Fòn:** 0131 668 8914

**Email:** [designations@hes.scot](mailto:designations@hes.scot)

**Làrach-lìn:** [www.historicenvironment.scot](http://www.historicenvironment.scot)

Ceann-latha foillseachaidh: 2019